

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

27 Am Faoilleach 2011

A' BROSNACHADH AN ATH GHINEALACH DE LUCHD-TEAGAISG ÒGA

(Beurla gu hìosal – English below)

Bidh Bòrd na Gàidhlig, an t-seachdain seo a' tadhail air àrd-sgoiltean Leòdhais 's na Hearadh leis an iomairt aca Gabh an Cothrom, a tha ag amas air barrachd dhaoine òga a thàladh gu teagastg san àm ri teachd.

Air an turas, bidh an t-oifigear trusaidh luchd-teagaisg Gàidhlig a' tadhail air 4 sgoiltean a tha a' tabhann foghlam àrd-sgoil do AS1 agus AS2 ann an Leòdhas: Sgoil a' Bhac; Sgoil Shiaboist; Sgoil nan Loch agus Sgoil Lionail; agus Àrd-Sgoil Sir E Scott anns na Hearadh.

Fhad 's tha i an sin, bidh an t-oifigear trusaidh a' bruidhinn ri na sgoilearan mu na cothroman a tha ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, gus am brosnachadh a dhol air adhart gu teagastg san àm ri teachd.

"Tha e uabhasach cudromach gum bi fios aig an òigridh gu bheil an t-uabhas cothroman cosnaidh ann dhaibh ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig sam àm ri teachd" thuirt an t-oifigear trusaidh, Morna NicLeòid.

"S ann aig aois àrd-sgoile a bhios mòran dhaoine òga a' tòiseachadh air beachdachadh air cosnaidhean. Mar sin, tha bhith a' tadhail air àrd-sgoiltean mar phàirt bunaiteach den iomairt Gabh an Cothrom. Tha sinn gu mòr an comainn na h-ùghdarrasan agus na sgoiltean a tha deònach ùine a thoirt dhuinn bruidhinn ris an òigridh."

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



“S e dreuchd uabhasach cudromach a tha ann an teagasg tron Ghàidhlig – air iomadach dhòigh. Tha an t-uabhas chothroman ann – ’s tha sinn an dòchas gun gabh òigridh an latha an-diugh brath orra – agus gum bi iad am measg an ath ghinealach de luchd-teagaisg Gàidhlig.”

Bidh an t-oifigear trusaith luchd-teagaisg Gàidhlig ann an Leòdhas agus na Hearadh eadar Dimàirt 24mh agus Dihaoine 28mh Am Faoilleach 2011.

CRIOCH

Tha Bòrd na Gàidhlig os cionn na h-iomairt trusaith luchd-teagaisg air a bheil Gabh an Cothrom.

Tha cothroman ann a bhith a' teagasg tron Ghàidhlig aig ìre sgoil-àraich agus bun-sgoile, agus Gàidhlig a teagasg mar chuspair agus grunn chuspairean a thoirt seachad tron chànan aig ìre àrd-sgoile.

Tha Ginealach Ùr na Gàidhlig a' cur taic ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2007-12 agus ri riatanasan Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, ag ath-phriomhachadh ghoireasan agus ghnìomhan gus meudachadh air togail càinain a thoirt gu buil mean air mhean.

Tha Ginealach Ùr na Gàidhlig ag ath-aithris cho cudromach 's a tha foghlam tron Ghàidhlig.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Airson tuilleadh fiosrachaидh mun iomairt trusaидh, no mu Ghinealach Ùr na Gàidhlig faic www.gaidhlig.org.uk, no cur fios dhan oifis air 01463 225 454; oifis@gaidhlig.org.uk.

Ma tha sibh airson tuilleadh fiosrachaидh fhaighinn mu na cothroman a tha ann an teagasg Gàidhlig tadhair air www.teagasg.com no cur fios gu Morna NicLeòid air 07901 558 138; morna@gaidhlig.org.uk

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



27 January 2011

ENCOURAGING THE NEXT GENERATION OF GAELIC TEACHERS

Bòrd na Gàidhlig will be visiting high schools in Lewis and in Harris this week, spreading the word about their campaign to encourage more young people to consider Gaelic teaching as a future career.

During the visit, the Gaelic teacher recruitment officer will be visiting 4 schools that offer high school education do S1 and S2 in Lewis: Back School, Shawbost School, Lochs School and Lionel School; as well has Sir E Scott High School in Harris.

During her visit, the recruitment officer wills give a presentation to pupils about the opportunities within Gaelic Medium Education to try and encourage them to go on to become Gaelic teachers in the future.

“Its very important that young people know there are lots of future opportunities within Gaelic Education” the recruitment officer, Morna MacLeod said.

“Its during high school that many young people start to consider their career paths. Therefore visiting high schools, to keep pupils informed of the opportunities there are in Gaelic teaching is integral to the Gabh an Cothrom campaign. We appreciate that the local authorities and schools are willing to let us speak to pupils.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Gaelic Teaching is a very important job on many levels. There are so many opportunities within the career – and we hope that today's young people will take advantage of such opportunities and that they will be amongst the next generation of Gaelic teachers”

The teacher recruitment officer will be in Lewis and Harris from Tuesday 24th to Friday 28th January 2011.

Notes to Editors

The teacher recruitment initiative, Gabh an Cothrom, is being run by Bòrd na Gàidhlig.

There are opportunities to teach in Gaelic at pre-school and primary level, and to teach Gaelic as a subject as well as various other subjects through the medium of the language at high school level.

Ginealach Ùr Na Gàidhlig supports the National Plan for Gaelic 2007-12 and the requirements of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005, reprioritising resources and actions to support an incremental increase in learning and using Gaelic.

Ginealach Ùr na Gàidhlig is equally clear about the importance of Gaelic medium education.

For more information about *Gabh an Cothrom* or *Ginealach Ùr na Gàidhlig* please visit www.gaidhlig.org.uk, or contact the office on 01463 225 454; oifis@gaidhlig.org.uk.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



To discuss the opportunities there are in Gaelic teaching contact Morna MacLeod on 07901 558 138; morna@gaidhlig.org.uk.

ENDS